# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

***Please scroll down for English Version***

**A' MHÒRACHD RÌOGHAIL DIÙC BAILE BHÒID GU BHITH A' TADHAL AIR AN 107mh MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL**

**TACHARTAS GHALLAIBH A' FAIGHINN AONTA RÌOGHAIL**

**01 An Dàmhair 2010**

Am-bliadhna bheir Am Mòd Nàiseanta Rìoghail, prìomh fhèis Ghàidhlig na h-Alba a' comharrachadh dualchas cànain is cultarail na Gàidhlig, aoigheachd do neach-tadhail air leth sònraichte, A' Mhòrachd Rìoghail Diùc Baile Bhòid.

Tadhlaidh A' Mhòrachd Rìoghail Diùc Baile Bhòid air Diardaoin 14 Dàmhair air an tachartas naoi-latha de cheòl, dannsa, dràma, ealain is litreachais na Gàidhlig, a' coinneachadh ri buidhnean Gàidhlig is buidhnean à Gallaibh, ag éisteachd ri ceòl Gàidhlig is a' toirt seachad na Buinn Òr ainmeil.

Tha Am Mòd Nàiseanta Rìoghail, a tha a' ruith eadar Dihaoine 8 Dàmhair agus Disathairne 16 Dàmhair, an dùil na mìltean de luchd-èisteachd a thàladh gu bailtean Inbhir Ùige is Inbhir Theòrsa ann an Gallaibh.

Thuirt Iain Moireasdan, Àrd-oifigear a' Chomuinn Ghàidhealaich: "Gheibh A' Mhòrachd Rìoghail Diùc Baile Bhòid an cothrom coinneachadh ri cuid de na farpaisich, luchd-obrach is

muinntir na coimhearsnachd ionadail a tha air a bhith ag obair gu cruaidh fad na bliadhna gus dèanamh cinnteach gum bi Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo soirbheachail.

"Ceithir bliadhna deug air ais, thadhail A' Mhòrachd Rìoghail Diùc Baile Bhòid air Mòd Nàiseanta Rìoghail Bhlàr Gobharaidh 1996 agus tha sinn air-leth toilichte fàilte a chur air A' Mhòrach Rìoghail a-rithist don Mhòd, an turas seo a Ghallaibh gus a bhith a' comharrachadh a' chiad uair a tha am Mòd air a bhith an seo na eachdraidh 118 bliadhna."

Bidh Iain Macleòid, Ceann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich an cois An Diùc nuair a choinnicheas e ri riochdairean gnìomhachais is luchd-dèanaidh stuthan ionadail mar phàirt den taisbeanadh Gàidhlig is Gallaibh a tha a' gabhail àite anns an Dome, Colaiste Tuath na Gàidhealtachd ann an Inbhir Theòrsa. Bidh cothrom aig A' Mhòrachd Rìoghail bruidhinn ri cuid de na gnìomhachasan ionadail ann an Gallaibh leithid Pròiseact Dùthaich MhicAoidh, Swelkie Felt agus Taghaidhean Mhaigh a bhios a' taisbeanadh an cuid thoraidhean is sheirbheisean mar phàirt den taisbeanadh.

Chì An Diùc cuideachd taghadh de thoraidhean bìdh is deoch a tha ann mar phàirt de 'Bhliadhna Biadh is Deoch na h-Alba', a tha a' faighinn taic bho EventScotland. Chaidh an iomairt seo a chur air bhog gus a bhith a' brosnachadh sluagh na h-Alba a bhith a' gabhail ri toraidhean math bhon starsaich aca fhèin.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

Coinnichidh buill bho Thaghaidhean Mhaigh ann an Gallaibh a tha a' faighinn toraidhean agus cungaidhean bhon sgìre taobh a-staigh 100 mìle mun cuairt air Caisteal Mhaigh, dachaigh Màthair na Banrìgh ann an Gallaibh, ris A' Mhòrachd Rìoghail agus bheir iad dha blas de dh'aran-cridhe a chaidh a dhealbhadh gu sònraichte airson a' Mhòd.

Bheir Diùc Baile Bhòid cuideachd na duaisean don dithis a bhuannaicheas farpais Buinn Òr a' Chomuinn. Thèid am Bonn Òr, nach urrainnear a bhuannach ach aon uair a-mhàin le seinneadair, a thoirt seachad airson seinn aon-neach anns a' Ghàidhlig, le aon bhonn dha fir agus aon bhonn dha mhnathan. Seinnidh an dithis a bhuannaicheas don Phrionnsa an uairsin aon de na h-òrain a choisinn am Bonn Òr dhaibh.

Tha am Mòd Nàiseanta Rìoghail air eagrachadh leis a' Chomunn Gàidhealach, a' bhuidheann as sine agus as measail a-measg nam buidhnean Gàidhlig air fad, agus is e fèis farpaiseach a tha innte a bhios a' tàladh farpaisich bho choimhearsnachdan Gàidhlig air feadh na RA, Èirinn, Àstràlia, a' Ghearmailt, Canada agus na SA agus thathas ga faicinn mar an tachartas as motha a tha air mìosachan na Gàidhlig.

Tòisichidh an Fhèis Dihaoine 8 Dàmhair le cuirm-fosglaidh a' gabhail àite tràth san oidhche agus às dèidh sin bìdh cèilidh traidiseanta ann gus blas a thoirt do luchd-tadhail air na tha romhpa fad na seachdain air thoiseach.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

Thuirt Pòl Bush OBE, Àrd-oifigear Gnìomh aig EventScotland, a' bhuidheann tachartais nàiseanta: "Tha sinn air-leth toilichte A' Mhòrachd Rìoghail Diùc Baile Bhòid fhaicinn a' tadhal air A' Mhòid Nàiseanta Rìoghail – aon de na tachartasan as sònraichte a tha a' comharrachadh cultar is dualchas na Gàidhlig. Tha e sònraichte iomchaidh gum biodh A' Mhòrachd Rìoghail, a tha a' creidsinn gu daingeann ann an luach thoraidhean fàs-bheairteach, a' tadhal air an tachartais ann an 2010 – "Bliadhna Biadh is Deoch na h-Alba".

A' toirt an taic don Mhòd, tha Comhairle na Gàidhealtachd, Caledonian Mac a' Bhriuthainn, EventScotland, a' bhuidheann tachartais nàiseanta, tron Phrògram Maoineachaidh Eadar-nàiseanta aca, Bòrd na Gàidhlig, Banca Rìoghail na h-Alba, Am Posta Rìoghail, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, agus BBC ALBA.

**Airson làn-phrògram na Fèise agus mion-fhiosrachadh, tadhlaibh air www.acgmod.org**

**DEIREADH**

**Airson fiosrachadh meadhanan feuch an cuir sibh fios gu:**


Julie MacSporran aig DADA air 0141 222 2266 / 07989 924176 / julie.macsporran@dada.co.uk

Laura Duncan aig DADA air 0141 222 2266 / 0141 222 2266 / laura.duncan@dada.co.uk

Tracy Simpson aig DADA air 0141 222 2266 / 07515 066358 / tracy.simpson@dada.co.uk

**Notaichean do Luchd-deasachadh**

- Tha am Mòd Nàiseanta Rìoghail air eagrachadh leis a' Chomunn Gàidhealach, a' bhuidheann as sine agus as measail a-measg nam buidhnean Gàidhlig air fad, agus is e fèis farpaiseach a tha innte a bhios a' tàladh farpaisich bho choimhearsnachdan Gàidhlig air feadh na RA, Èirinn, Àstràlia, a' Ghearmailt, Canada agus na SA agus thathas ga faicinn mar an tachartas as motha a tha air mìosachan na Gàidhlig. A' toirt an taic don Mhòd, tha Comhairle na Gàidhealtachd, Caledonian Mac a' Bhriuthainn, EventScotland, a' bhuidheann tachartais nàiseanta, tron Phrògram Maoineachaidh Eadar-nàiseanta aca, Bòrd na Gàidhlig, Banca Rìoghail na h-Alba, Am Posta Rìoghail agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean.
- Is e EventScotland a' bhuidheann tachartais nàiseanta.
- Tha EventScotland ag obair gus Alba aithneachadh mar aon de na cinn-uidhe as fheàrr airson tachartasan le bhith a' leasachadh cruinneachadh de thachartasan spòrs is culturail.
- Tha EventScotland a' cuideachadh le bhith a' togail iomhaigh eadar-nàiseanta na h-Alba agus le bhith a' togail an eaconomaidh tro bhith a' tàladh barrachd luchd-turais.
- Tha EventScotland a' toirt taic don chomharrachadh fad-bliadhna de chliù na h-Alba mar dhùthaich airson biadh is deoch. Airson tuilleadh fiosrachaidh mu

EventScotland, na prògraman maoineachaidh aice agus naidheachdan ùra mu thachartasan tadhal air www.EventScotland.org

- Ni sreath de bhliadhnaichean fòcas eadar 2010 agus 2013 cinnteach gum bi gnìomhachd nàiseanta co-òrdanaichte a' soillseachadh cuid de phrìomh mhaoin na h-Alba a' gluasad air adhart gu 2014. Tha na ceithir bliadhnaichean fòcas a' togail air turasachd dachaigheil is eadar-nàiseanta agus air leasachadh gnìomhachas thachartasan na h-Alba. Comharraichidh na bliadhnachan fòcas sin ar cliù mar dhùthaich airson biadh is deoch, mar nàisean gnìomhach, mar àite culturail agus cruthachail agus mar àite le bòidhchead nàdurrach.
- Tha Biadh is Deoch na h-Alba a' brosnachadh Albannaich sa h-uile àite gabhail ri gealladh a bhith ag 'Ithe stuth Albannach' air feadh co-là-deug biadh na h-Alba (4-19 Sultain). Airson tuilleadh fiosrachaidh agus airson a bhith an sàs tadhal air www.facebook.co.uk/eatscottish

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

**HRH THE DUKE OF ROTHESAY TO VISIT 107th ROYAL NATIONAL MÒD**

**CAITHNESS EVENT RECEIVES ROYAL SEAL OF APPROVAL**

**01 October 2010**

Am Mòd Nàiseanta Rìoghail (The Royal National Mòd), Scotland's premier festival celebrating Gaelic linguistic and cultural heritage, will this year play host to a very special visitor, HRH The Duke of Rothesay.

On Thursday 14th October, HRH The Duke of Rothesay will visit the nine day celebration of Gaelic music, dance, drama, arts and literature, meeting local Gaelic and Caithness organisations, listening to Gaelic music and presenting the prestigious Gold Medals.

The Royal National Mod, which runs from Friday 8th until Saturday 16th October, is set to attract thousands of spectators to the Caithness towns of Wick and Thurso.

John Morrison, chief executive of An Comunn Gàidhealach said: "HRH The Duke of Rothesay will have the opportunity to meet some of the competitors, staff and local community who have worked hard all year to make this year's Royal National Mod a success.

"Fourteen years ago, HRH The Duke of Rothesay visited the 1996 Royal National Mod in Blairgowrie and we're delighted to welcome His Royal Highness back to the Mod, this time to Caithness to help celebrate the first time the Mod has been here in its 118 year history."

John McLeod, president of An Comunn Gàidhealach, will join The Duke as he meets a select set of businesses and local producers as part of the Gaelic and Caithness showcase which takes place in The Dome, North Highland College in Thurso. His Royal Highness will have the opportunity to chat to some of the local Caithness businesses including Mackay Country Project, Swelkie Felt and Mey Selections who will be exhibiting their products and services as part of the showcase.

The Duke will also view a selection of the finest local food and drink produce on show as part of 'Scotland's Year of Food and Drink', which is supported by EventScotland. The initiative has been launched to encourage people in Scotland to experience great produce on their doorstep.

Members of Caithness based Mey Selections whose products and ingredients are sourced from within a 100 mile radius of the Castle of Mey, the Queen Mother's home in Caithness, will meet His Royal Highness and offer a taster of a specially designed shortbread for the Mod.

The Duke of Rothesay will also present the two winners of the Mod Gold Medal competition with their prizes. The Gold Medal, which can only be won once in a lifetime by an individual, is awarded for solo singing in Gaelic, with one medal for men and one for women. The winners will then treat HRH to an exclusive performance of the Gold Medal winning song.

Organised by An Comunn Gàidhealach, which is the oldest and most respected Gaelic organisation, The Royal National Mòd is a competition based festival which attracts competitors from Gaelic communities throughout the UK, Ireland, Australia, Germany, Canada and the USA and is considered the biggest event of the Gaelic calendar.

The festival kicks off on Friday 8th October with a grand opening ceremony taking place in the early evening followed by a traditional energetic ceilidh to get visitors in the mood for the week long competitive festival.

Paul Bush OBE, Chief Operating Officer at EventScotland, the national events agency, said: “We’re delighted to see HRH The Duke of Rothesay visiting The Royal National Mòd - one of Scotland’s most unique events celebrating Gaelic culture and heritage. It’s particularly fitting that His Royal Highness, such a passionate believer in the values of organic produce, should pay a visit in 2010 -Scotland’s Year of Food and Drink.”

The Royal National Mòd is supported by The Highland Council, Caledonian MacBrayne, EventScotland, the national events agency, through its International Funding Programme, Bòrd na Gàidhlig, the Royal Bank of Scotland, Royal Mail, Highlands and Islands Enterprise and BBC Alba.

**For full festival programme and details, visit www.acgmod.org**

**ENDS**

**For media information please contact:**

Julie MacSporran at DADA on 0141 222 2266 / 07989 924176 / julie.macsporran@dada.co.uk

Laura Duncan at DADA on 0141 222 2266 / laura.duncan@dada.co.uk

Tracy Simpson at DADA on 0141 222 2266 / 07515 066358 / tracy.simpson@dada.co.uk

**Notes to Editors**

- Organised by An Comunn Gàidhealach, which is the oldest and most respected Gaelic organisation, The Royal National Mòd is a competition based festival which attracts competitors from Gaelic communities throughout the UK, Ireland, Australia, Germany, Canada and the USA and is considered the biggest event of the Gaelic calendar. It is supported by The Highland Council, Caledonian MacBrayne, EventScotland, the national events agency, through its International Funding Programme, Bòrd na Gàidhlig, the Royal Bank of Scotland, Royal Mail and Highlands and Islands Enterprise.
- EventScotland is the national events agency.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

- EventScotland is working to make Scotland one of the world's leading event destinations. By developing an exciting portfolio of sporting and cultural events

- EventScotland is helping to raise Scotland's international profile and boost the economy by attracting more visitors.
- EventScotland is supporting the year-long celebration of Scotland's reputation as a land of food & drink. For further information about EventScotland, its Funding programmes and latest event news visit www.EventScotland.org
- A series of focus years running from 2010 to 2013 will ensure coordinated national activity that will spotlight some of Scotland's great assets as we journey towards 2014. The four focus years are centered on domestic and international tourism and the development of the events industry in Scotland. These focus years will celebrate our reputation as a land food and drink, as an active nation, as a place of culture and creativity and as a place of natural beauty.
- Scotland Food and Drink are encouraging Scots everywhere to take the 'Eat Scottish' pledge during Scottish food fortnight (4-19 September). For more information and to get involved visit www.facebook.co.uk/eatscottish

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454